



Am Prionnsa Muile-mhàg



Air ath-innse le Margaret Nash • Na dealbhan Justin Grassi

Am Prionnsa Muile-mhàg



An teacs Margaret Nash
Na dealbhan Justin Grassi
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Uair a bha siud bha bana-phrionnsa ann
agus bha bàlla àlainn aice.
Bha dath an òir air, mar a' ghrian.
Aon latha teth chaidh a' bhana-phrionnsa
dhan ghàrradh a chluich leis a' bhàlla.



Thilg i am bàlla dhan adhar agus chuir
i a-mach a làmhnan airson a ghlacadh.
Ach nuair a thilg i am bàlla an dara turas
chaidh e suas ... agus suas ... agus suas ...
agus an uair sin sìos ... sìos ... sìos.
SPLAIS! Thuit e dhan lòn.



“O, dè a-nis!” ars a’ bhana-phrionnsa.
“Mo bhàlla àlainn òir!”
Ruith i a-null chun an lòn
ach cha robh sgeul air a’ bhàlla.
Bha an lòn a’ coimhead uabhasach dorcha.



Bha a’ bhana-phrionnsa cho brònach
is gun do shuidh i sìos a’ rànaich.
Dìreach an uair sin dh’èigh cuideigin rithe,
“Dè tha ceàrr ort, a bhana-phrionnsa?
Carson a tha thu a’ rànaich?”





Choimhead a' bhana-phrionnsa suas agus chunnaic i muile-mhàg.

“Tha am bàlla àlainn òir agam nad lòn,” thuirt i.

“An cuidich thu mi?”

“Ma gheibh mi e dhut,” ars a' mhuile-mhàg,

“an cluich thu còmhla rium?”

“Cluichidh,” ars a' bhana-phrionnsa.

Shnàmh
a' mhuile-mhàg
sìos dhan lòn.



Thàinig i nuas agus am bàlla aice na beul.

Choimhead a' bhana-phrionnsa rithe.

“O, tapadh leat, tapadh leat,”

ars a' bhana-phrionnsa.





“A-nis an cluich thu còmhla rium?”
dh’fhaighnich a’ mhuile-mhàg.
Cha bu toil leatha am beul mòr aice
no an cnap mòr air a sròin.
Cha robh i airson cluich còmhla ris
a’ mhuile-mhàig bhig ghrànda ud.



“Chan urrainn dhomh cluich còmhla riut
an-dràsta,” thuir a’ bhana-phrionnsa.
“Feumaidh mi dhol air ais dhan lùchairt
gum theatha.” Agus ruith i air falbh cho
luath ’s a b’ urrainn dhi.



Nuair a bha a' bhana-phrionnsa a' gabhail a teatha thàinig a' mhuile-mhàg chun an dorais. "A bhana-phrionnsa bheag, a bhana-phrionnsa bheag," dh'èigh i. "Nach leig thu steach mi."

"Cò tha siud?" dh'fhaighnich an rìgh.
"Chan eil ann ach mhuile-mhàg bheag ghrànda,"
ars a' bhana-phrionnsa.
"Bha mise a' cluich lem bhàlla an-diugh agus
thuit e dhan lòn.
Thug a' mhuile-mhàg air ais thugam e."



“Mar sin ’s e caraid a th’ innte dhut,” ars an rìgh.
Dh’fhalbh e agus dh’fhosgail e an doras.
Thàinig a’ mhuile-mhàg bheag a-steach dhan
lùchairt.

Leum i suas air
sèithear, an uair
sin leum i
air a’ bhòrd.



“Am faigh mi balgam dhen teatha agad?”
dh’fhaighnich a’ mhuile-mhàg.

“Chan fhaigh!” ars a’ bhana-phrionnsa.

Ach cha robh an rìgh air a dhòigh agus thuirt e,
“Thoir dhi pàirt dhed bhiadh.”





Às dèidh na teatha thuir a' mhuile-mhàg,
"Tha mi airson cadal a-nis.
Am faod mi cadal air do leabaidh?"
"Chan fhaod," thuir a' bhana-phrionnsa.



An uair sin dh'fhàs an rìgh uabhasach fiadhaich.
"Leig leatha cadal air do leabaidh," thuir e.
Leum a' mhuile-mhàg air an leabaidh.



"An toir thu pòg dhomh mus caidil mi?"
dh'fhaighnich a' mhuile-mhàg.
Bha a' bhana-phrionnsa a' dol a ràdh,
"Cha tòir," ach chunnaic i gun robh an
rìgh crosta.



Mar sin dhùin i a sùilean
agus thug i pòg dhan
mhuile-mhàig.



Ach nuair a dh'fhosgail i a sùilean,
 chan e muile-mhàg a bha aice ach prionnsa.
 Bha beul mòr air agus cnap air a shròn,
 ach bha gàire air aodann.
 Chòrd e ris a' bhana-phrionnsa.



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
 Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
 Earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS
 MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO
 IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE
 PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Margaret Nash 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997

99 98 97
 10 9 8 7 6 5 4 3 2 1

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2003 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
 Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Margaret Nash a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 672 4